



curraicealam airson sàr-mhathais:  
cànanan clasaigeach  
eòlasan agus builean

[www.gaidhlig.ltscotland.org.uk](http://www.gaidhlig.ltscotland.org.uk)



# Cànanan Clasaigeach

## Eòlasan agus builean

Tha ionnsachadh cànan ùr a' brosnachadh chloinne agus dhaoine òga airson am fad-sheallaidhean a leudachadh nuair a bhios iad a' rannsachadh a' chànan agus a' chultair co-cheangailte ris.

Trom ionnsachadh air cànan clasaigeach:

- Tha mi a' faighinn tuigse nas doimhne air mo chiad chànan agus a' gabhail tlachd bho shaidhbhreas agus nàdar eadar-cheangailte chànanan
- Tha mi a' leudachadh mo thuigse agus mo thlachd nam chultar fhìn agus ann an cultaran eile, agus sealladh air dòighean-smaoineachaidh eile agus beachdan eile mun t-saoghal
- Tha mi a' toirt air adhart raon de sgilean mion-sgrùdaidh agus faodaidh mi iad sin a chleachdadh airson m' ionnsachadh ann an cuspairean eile a leudachadh agus piseach a thoirt air.

Tha pàirt cudromach aig rannsachadh cànan ann an ionnsachadh cànan agus ann an adhartas sgilean litearrachd.

Bidh mi a' leasachadh agus a' leudachadh mo sgilean litearrachd nuair a bhios cothroman agam:

- conaltradh, co-obrachadh agus dàimhean a thogail
- beachdachadh agus mìneachadh air mo sgilean litearrachd is smaoineachaidh, le fiosrachadh bhom luchd-amais airson mo sgilean a thoirt air adhart ann an dòigh iomchaidh
- a dhol an sàs ann agus raon farsaing de theacsaichean a chruthachadh ann an diofar mheadhanan, airson buannachd fhaighinn bho na cothroman co-cheangailte ri ICT
- mo thuigse a thoirt air adhart mu rudan a tha sònraichte, beothail agus luachmhor nam chultar fhìn agus ann an cultaran eile agus nan cànanan
- saidhbhreas is iomadachd cànan a rannsachadh, a' bhuaidh a dh'fhaodas a bhith aige orm agus an raon farsaing de dhòighean san urrainn dhòmhsa agus do dhaoine eile a bhith cruthachail
- mo bhriathrachas a leudachadh agus a neartachadh tro èisteachd, labhairt, coimhead agus leughadh.

<b>Cànanan clasaigeach</b>		
	<b>An treas</b>	<b>An ceathramh</b>
<b>Eadar-theangachadh theacsaichean</b>	<p>Le bhith a' toirt air adhart m' fhiosrachadh air mar a tha cànan clasaigeach ag obair, is urrainn dhomh seantansan no earrannan goirid neo-fhillte a mhion-sgrùdadh agus an eadar-theangachadh gu Beurla fhreagarrach.</p> <p style="text-align: right;"><b>CLAN 3-01a</b></p>	<p>Le bhith a' cur an sàs mo thuigse air gràmar ann an cànan clasaigeach, is urrainn dhomh seantansan agus earrannan nas fillte a mhion-sgrùdadh agus an eadar-theangachadh gu Beurla cheart.</p> <p style="text-align: right;"><b>CLAN 4-01a</b></p>
<b>Mineachadh theacsaichean</b>	<p>Leam fhìn agus còmhla ri daoine eile, tha mi air raon de ghoireasan a chleachdadh agus air sgilean mion-sgrùdaidh a chur an sàs.</p> <p>Is urrainn dhomh fiosrachadh sònraichte a lorg ann an earrannan le gràmar neo-fhillte ann an cànan clasaigeach.</p> <p style="text-align: right;"><b>CLAN 3-02a</b></p>	<p>Is urrainn dhomh diofar ghoreasan, agus sgilean mion-sgrùdaidh a chleachdadh airson fiosrachadh sònraichte agus na prìomh bheachdan no cuspairean a lorg, agus luachadh a dhèanamh ann an labhairt no ann an sgrìobhadh.</p> <p style="text-align: right;"><b>CLAN 4-02a</b></p>
<b>A' cleachdadh fiosrachadh mu chànan</b>	<p>Le bhith a' cleachdadh m' fhiosrachadh air na ceangalan a tha eadar Greugais chlasaigeach agus Beurla, no Laideann agus Beurla agus nuadh-chànanan Eòrpach eile stèidhichte air Laideann, is urrainn dhomh mo bhriathrachais agus mo mhisneachd a leudachadh mu chonaltradh sa Bheurla.</p> <p style="text-align: right;"><b>CLAN 3-03a</b></p>	<p>Tro bhith mothachail air comharran coitcheann Greugais chlasaigeach agus Beurla, no Laideann is Beurla agus cànanan eile, tha mi air mo bhriathrachais agus mo mhisneachd a leudachadh mu chonaltradh sa Bheurla.</p> <p>Is urrainn dhomh bruidhinn mu mar a tha cànan a' nochdadh smuaintean, faireachdainnean agus feumalachdan diofar choimhearsnachdan san àm a dh'fhalbh agus san latha an-diugh.</p> <p style="text-align: right;"><b>CLAN 4-03a</b></p>
<b>Cultar agus dualchas</b>	<p>Tha mi air cultar agus dualchas nan Greugach 's nan Ròmanach a rannsachadh tro chànan agus litreachas.</p> <p>Seallaidh mi m' eòlas air an cultaran tro labhairt no sgrìobhadh, a' bhuaidh a bh' aca air dualchas na h-Alba agus air an t-saoghal.</p> <p style="text-align: right;"><b>CLAN 3-04a</b></p>	<p>Tha mi air cultar agus dualchas nan Greugach no nan Ròmanach a luachadh tro chànan agus litreachas.</p> <p>Seallaidh mi mo thuigse trom rannsachadh ann an labhairt no sgrìobhadh, mu mar a thug an cultaran buaidh ann an diofar dhòighean air beatha agus cultar ann an Alba an latha an-diugh agus air an t-saoghal.</p> <p style="text-align: right;"><b>CLAN 4-04a</b></p>